



Social Security
Scotland

Tèarainteachd Shòisealta Alba

Sochairean ciorrain: A' toirt seachad fiosrachadh taice



Tha a' bhileag-iùil seo air ur son ma tha sibh:

- ciorramach no ma tha euslaint fhad-ùineach oirbh
- nur pàrant/neach-glèidhidh pàiste ciorramach no pàiste le euslaint fhad-ùineach
- cuideigin a tha a' toirt taic no a' toirt seachad cùram do dhaoine ciorramach no daoine le euslaint fhad-ùineach (m.e. neach-taice, banaltram, tidsear, teiripichean-gnìomhachd no dotair teaghlaich).

Nuair a chuireas cuideigin iarrtas a-steach airson Pàigheadh Ciorram Inbheach no Pàigheadh Ciorram Cloinne, tha feum againn air aon phìos de dh'fhiosrachadh taice bho phroifeiseantach gus an t-iarrtas aca a phròiseasadh.

Cleachdaidh sinn seo còmhla ris an fhiosrachadh a chaidh a sholarachadh dhuinn san fhoirm-iarrtais gus ar cuideachadh an co-dhùnadh ceart a dhèanamh.

Dè th' ann am fiosrachadh taice bho phroifeiseantach?

Is e fiosrachadh a tha a' dearbhadh coir, ciorram no feumalachdan an neach-dèiligidh. Mar as trice is e seo lethbhric de sgrìobhainnean no litrichean a dh'fhaodadh a bhith aig an tagraiche aig an taigh mu thràth.

Tha seo a' gabhail a-steach:

- planaichean cùraim
- liostaichean de dh'òrduighean-chungaidhean
- plana feumalachdan taice a bharrachd aig pàiste
- litrichean bho ùghdarras ionadail a' mìneachadh freagarrachaidhean taigheadais
- litrichean no aithisg bho HR a' mìneachadh mion-atharrachaidhean a rinneadh san àite-obrach
- litrichean bho thidsearan a' mìneachadh dè an taic a dh'fheumas am pàiste san sgoil
- litrichean tar-chuir gu speisealaich (m.e. CAMHS)

Bu chòir fiosrachadh taice bho phroifeiseantach a bhith buntainneach do na feumalachdan a tha an tagraiche a' mìneachadh san fhoirm-iarrtais aca. Dh'fhaodadh sgrìobhainnean nas sine a bhith buntainneach fhathast ma tha, mar eisimpleir, tinneas air a bhith aig an tagraiche airson ùine fhada.

Is tric gur e na sgrìobhainnean as fheumaile an fheadhainn anns a bheil mion-fhiosrachadh mun phroifeiseantach agus/no a tha air pàipear-cinn.

A' cur fiosrachadh taice thugainn

Bu chòir dhaibhsan a tha a' dèanamh iarrtas fiosrachadh taice bho phroifeiseantach a chur thugainn còmhla ris an iarrtas aca, ma ghabhas sin dèanamh.

Air neo, faodaidh sinn fiosrachadh taice iarraidh bho phroifeiseantach às leth tagraiche, ma dh'iarraas iad oirnn sin a dhèanamh. Faodaidh seo beagan ùine a thoirt agus mar as trice bidh e nas luaithe ma bheir an tagraiche fiosrachadh taice dhuinn.

Mura h-eil fiosrachadh taice ann bho phroifeiseantach, obraichidh sinn le tagraiche gus na feumalachdan aca a thuigsinn agus co-dhùnadh a dhèanamh.

Cò na proifeiseantaich às am faod fiosrachadh taice a thighinn?

Faodaidh fiosrachadh taice tighinn bho raon farsaing de phroifeiseantaich air feadh na treas roinne, na roinne prìobhaidich agus na roinne poblache. Is e an rud as cudromaiche gu bheil am proifeiseantach eòlach air coir, ciorram no feumalachdan an tagraiche. Am measg nam proifeiseantach a dh'fhaodas fiosrachadh taice a chur thugainn tha:

- Luchd-obrach sòisealta, luchd-taice agus teiripichean-gnìomhachd
- Leasaichean-cuirp, comhairlichean agus banaltraman
- Tidsearan agus luchd-taice teagaisg

A bheil proifeiseantaich air am pàigheadh airson fiosrachadh taice a thoirt seachad?

Faodaidh dotairean agus buidhnean san treas roinn bhom bi sinn ag iarraidh fiosrachadh taice cìs iarraidh bho Thèarainteachd Shòisealta Alba.

Dòighean eile airson innse dhuinn mu fheumalachdan làitheil

Faodaidh daoine a tha a' cur a-steach airson shochairan ciorraim ar cuideachadh gus an co-dhùnadh ceart a dhèanamh le bhith a' cleachdadh an fhoirm-iarrtais gus innse dhuinn an uimhir 's as urrainn dhaibh mu mar a bheir na coir no ciorraman aca buaidh air am beatha làitheil.

Faodaidh tagraichean cuideachd roghnachadh gum bi iad a' cur a-steach fiosrachadh taice a bharrachd bhon lìonra taice nas fharsainghe aca, a' gabhail a-steach caraidean is teaghlach. Faodaidh seo ar cuideachadh le bhith a' tuigsinn na h-ìre de dh'fheum a th' aca.

A' luchdadh suas fiosrachadh taice

Faodaidh sibh na sgrìobhainnean agaibh a luchdadh suas air-loidhne ma dh'fheumas sibh fiosrachadh taice sam bith a chur gu Tèarainteachd Shòisealta Alba. Airson barrachd fiosrachaidh dèanaibh tadhal air mygov.scot/uploading-your-documents

Barrachd fiosrachaidh

Airson barrachd fiosrachaidh dèanaibh tadhal air mygov.scot/supporting-information-disability-benefits no cuiribh fòn thugainn air **0800 182 2222**.

Gheibh proifeiseantaich cothrom air tuilleadh stiùiridh aig socialsecurity.gov.scot/supportinginformationguidance

Mar a chuireas tu fios thugainn



Cuiribh fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000
(do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: contactscotland-bsl.org



Cabadaich-lìn: chat.socialsecurity.gov.scot

Leanaibh Tèarainteachd Shòisealta Alba

